



clydebank housing association

Housing Association Information in Gaelic

HOUSING ASSOCIATIONS

Buidhnean Taigheadais

Housing Associations offer good quality housing to people in housing need from all communities. Some offer accommodation for people with special needs (for example, housing suitable for elderly people). You can rent from them, and sometimes you can buy.

Tha Buidhnean Taigheadais ag obair airson deagh àite-fuirich a thoirt do dhaoine às gach coimhearsnachd aig a bheil feum air. Tha cuid a' tabhann àiteachan do dhaoine le feuman sònraichte (taighean a tha freagarrach do sheann daoine, mar eisimpleir). Gheibhear air màl iad, is uaireannan gheibhear an ceannach.

Who can apply?

There are over 200 Housing Associations in Scotland and you can apply to any of them. You can get a complete list of their details from your local council or from the Scottish Government (previously Communities Scotland). [Gaelic still says Communities Scotland]

Cò dh'fhaodas tagradh a dhèanamh?

Tha còrr is dà cheud Buidheann Taigheadais an Alba, agus faodar tagradh a dhèanamh ri tè sam bith dhiubh. Gheibhear liost ag innse mun deidhinn bhon chomhairle ionadail neo bho Choimhearsnachdan Alba (Communities Scotland).

How to apply

You can apply directly to the Housing Association and fill in an application form at their office. If you need help filling in the form, ask staff, who can arrange for an interview, and a translator if you need one. You can apply to several Housing Associations at once if you wish, in order to increase your chances of getting a house.

Mar a nìthear tagradh

Faodar tagradh a dhèanamh ris a' Bhuidheann Taigheadais fhèin is bileag-tagraidh a' lionadh ann an oifis na Buidhne. Ma bhios cuideachadh a dhìth oirbh leis a' bhileag chan eil agaibh ach bruidhinn ris an luchd-obrach, cuiridh iadsan coinneamh air dòigh dhuibh agus cuideigin a nì eadar-theangachadh ma bhios sin dhìth. Ma thogras sibh, faodar tagradh ri barrachd is aon Bhuidheann Taigheadais aig an aon àm, airson 's gum bidh cothrom nas fheàrr agaibh air taigh fhaighinn.

How your application is awarded points

Your application will be assessed by Housing Association staff. You will be given priority 'points' and put on a waiting list. The Housing Association will award you points according to your housing need. This means that the people most in need are housed quickly as possible.



clydebank housing association

Housing Association Information in Gaelic

Measadh agus Puingean

Sgrùdaidh luchd-obrach na Buidhne Taigheadais an tagradh agaibh. Bheirear 'puingean' seachad a' ciallachadh gu bheil sibh airidh air a' cheud chothrom is thèid ur n-ainm air liosta. Bheir a' Bhuidheann Taigheadais puingean dhuibh a rèir dè cho feumach sa tha sibh air taigh. Tha seo a' ciallachadh gum faigh na daoine aig a bheil cruaidh-fheum air àite-fuirich taigh nas luaithe.

What happens once the Housing Association has your application?

Once your application has been processed and suitable accommodation becomes available, the Housing Association can offer you a house.

Dè thachras an uair a gheibh a' Bhuidheann Taigheadais an tagradh agaibh?

Nuair a thèid an tagradh agaibh a mheasadh, is nuair a bhios sgeul aca air taigh freagarrach, thèid a thabhann oirbh.